

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID, 12mh dhen GHIBLEAN (LATHA NA CÀISGE)

Ùrnaigh aig 7 f

Fhad 's a nì sinn fiughair ri Latha na Càisge, tha sinn a' tilleadh dhan mhòmaid ann an eachdraidh far a bheil sinn a' lorg bunait dòchas na h-Eaglaise, aiseirigh ar Tighearna Ìosa Chrìosd. Maille ri sluagh Dhè uile, cluinnidh sinn e air madainn na Càisge: *Tha an Tighearna air èirigh!* Agus freagraidh sinn: *Tha e air èirigh gu deimhinne.*

Aig an aon àm, tha fhios againn gu bheil dùbhlannan romhainn a tha doirbh ri thugsinn. B' e an dùbhlann a bha aig na deisciobail air a' chiad Latha na Càisge a bhith a' tuigsinn fìor-bhrìgh aiseirigh ar Tighearna, agus as dèidh sin a bhith a' toirt fianais dhan t-saoghal anns an latha aca fhèin. Tha a' ghairm cheudna againn an-diugh, ann a bhith a' toirt fianais ann an gràdh agus truas.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Thighearna, tha e a' faireachdainn dhuinn mar gu bheil sinn a' coiseachd ann an sgàil a' chrainn-cheusaidh. Tha sinn a' faireachdainn caillte, iomaganach agus fo bhròn.

Tha sinn ag ùrnaigh gum faigh nan uile a tha tinn leigheas.

Tha sinn ag ùrnaigh gum faigh nan uile cofhurtachd a chaill an luchd-gràidh.

Tha sinn a' toirt taing dhut airson obair dhìleas luchd-obrach an NHS, airson nan uile tha a' lìbhrigeadh cùraimh shòisealta, airson nan uile a tha a' cumail seirbheisean riatanach a' ruith, agus airson nan uile a tha ag obair gu saor-thoileach.

A Thighearna, cuidich sinn gus aoibhneas na Càisge a mhothachadh.

Tha sinn ag ùrnaigh gum bi sinne, mar a bha na deisciobail, a' coimhead air iongantais aiseirigh Chrìosd, agus ag aithneachadh gu bheil e ag atharrachadh a h-uil nì; agus tha sinn ag aithneachadh gum faodadh e bhith greis gus a tha sinn a' tuigsinn brìgh na Càisge, mar a bha e do na deisciobail.

Tha sinn ag ùrnaigh gun tig an tuigse sin thugainn, agus bhon tuigse sin, gum fàs beatha ùr nar facail, nar smuain agus nar gnìomharan.

A Thighearna, cluinn ar n-ùrnaigh, a tha sinn a' tabhainn suas nad ainm agus air do sgàth.

Amen



Crois Chill Neimh, Ìle

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Cailean Mac na Ceardaich, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam Mìon-shluagh ri chèile ann an Alba (MECTIS)